



G.A.

H.M. 162.



Jy 25 25 x

DAIN

SPIORDAIL

LE

LDAIRIBH EUG-SAMHUIL.

AIR'N fhirean bidh cuimhne shiorruidh,
Iomradh cubhr' cha teid air di-chuimhn',
'Neasonoir ged chuirte sios e,
Maiseach bidh air deas-lamh Chrìosda.

MAC CHOINNICH



FORRES:

PRINTED BY JOHN MILLER, G 7TTE OFFICE.

1852.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

O R A N N A C L E I R,

LE PADRUIG STIUART, FEAR CEASNUICHIDH.

Sann tha'n eigin am measg an t-sluaigh,
Luchd teagaisg bhreugach a faighinn buaidh ;
Tha iad cho feineil 's gu'n can beul riut,
“ Lean thus' ar ceuman is theig cas.”

Rinn athair na breig' iad's a sheidean
Gan cuir a phreisgeadh le speis do dhuan,
Tha iad cho oilteil's gu'n cluinn thu'm beuchd,
Ma tha aon 'gan treigsinn no 'geiridh uath.

Nach cluinn sibh fein an aneibhinn chruaidh,
Os an cionns' ag eigheachd 'sna flaithibh shuas ;
Ag radh “ na eisdibh luchd teagaisg bhreugach ;”
Oir tha iad fein fuidh'n an-eibhinn bhuan's'.

Bha Elijah an' stri ro chruaidh,
Chuir e do sgrìobhadh gu Rìgh nan sluagh ;
Naghaidh nan ciobard tha mort nan caorach,
Rinn ehusa shaoradh le fuil na buaidh.

Nuair chaidh'n gearan naomha a sgaoileadh shuas,
Thainig bho Elijah air sou a shluaigh ;
Naghaidh Ahab, a's faidhean Bhaal,
Thainig ordugh mhain iad's a mharbhadh uath.

Bha Isaiah ann an cradh ro bhuan,
Leis a phairt ud gus an deach thoirt suas ;
Ag radh do rìreadh “ bu choin measg chaorach,”
Na h-uile h-aon bha stiuradh'n treud,

Bha Jeremiah bronach 'na latha fein,
 Leis an luchd teagaisg bhroit bha measg na treud;
 A ruith gun ordugh le gionach feolmhoir,
 Rinn lot a's leonadh dha gus a chrìoch.

Nach faic sibh an seors ud uile gu leir,
 A fhuair an Satan mar bheul dha fein ;
 Tha iad cho laidir gu streap a gharaidh,
 Mar chona graineal 'gan aireach fein.

Leughaibh'm biobal le taire gheur,
 Is chi' sibh m'fhirinns' a cuir an ceill ;
 Mu na phairt ud, bho thuiteam Adhamh,
 Sann lot mo bhraithrean a bha iad fein.

Nuair sheideas na trompaidean mealta truagh,
 Tionailidh iad bundalan leobht do shluagh ;
 Is molaidh iadsan a ghluais an Satan,
 Am moderator fa chomhair a chluais.

Nach faic sibh'n tal ud uile gu leir,
 A thog a ghraisg ud suas nan deigh ;
 Rinn iad an aireach le meallanabh laidir,
 'S meas'aon do'n aireamh na dha dhiubh fein.

Gheibh iad traitearan mar tha iad fein,
 Is ni iad eildeiren dhiubh dhoibh fein; [oighreachd,
 Dar dh' fhosgaileas am dhoibh gu leon na h-
 Theid na con aibh oilteal ud as an deigh.

Tha luchd ceasnaich dhain 'thog an namhad suas,
 Ruith anns gach cearnaidh 's thilg naire uath
 Tha iad cho laidir ri tarbh bho Bhasain,
 Is i chuis ghrain iad am measg an t-sluaigh.

'Biad sud na ciobardan bronach truagh,
 A thog an stiopan iad as an t-luath
 Airson biadh a's eudach a's onoir shaoghalt,
 Ghabh craicin chaorach gn mealladh an t-sluaigh.

Tha ceile 'Phap ann an spairn ro chruaidh,
 A tional chairdean dhi measg an t-sluaigh ;
 Ged fhuair e sharachadh'n tigh na parlamaid,
 Tha assembly slan aig gu chumail suas.

Bha Eseciel an eigin chruaidh, [tsluaigh ;
 Leis'n luchd teagaisg bhreugach bha measg an
 'Nait bhi feumail, am measg nan treudan,
 'S ann lot a's reubadh na thug esan beo.

Ach eisdibh chairdean ri mo bheulsa,
 Is chi' sibh 'naimhdeas bha annt rium fein ;
 Is faicibh'n caramh rinn orm a phairt ud,
 'Nuair chaidh mise sharadh 'nur naite fein.

Cuiridh anail an Dragoin leos cleir a suas,
 Ni e laidir treun iad, le foir eigin chruaidh ;
 'S na'm bitheadh cumhachd eibhlibh an cainnt
 am beulsa.

Cha bhidh aon do'n treud dh'fhagadh es leo beo.

Nach faic sibh na spaigain th'air athair na breug,
 Gu dunadh trocair bho rathad fein ;
 Se sud an seors a tha ruith gun ordugh,
 Tha mort gu comhnard iad fein 'san treud.

Theid s' a dh'iompaich iad as an deigh,
 A dhuineas as oighreachd an teaghlaichean fein
 Tha iad cho laidir fuidh bhratach chairdean,
 'S gu'n tarruing iad each as an deigh fein.

Chuir thu'n ceil na thrath dhuinn naigheachd
 chruaidh,
 Gun d'thigeadh meallanaibh laidir am measg an
 t-sluaigh ;
 Cheart cho araidh 'sa labhair do bheuls' e,
 Tha iad anis ag aireach 'sa faighin buaidh.

Mo thruaigh an tordugh th'air t-oigreachd fein
 Mar bha aig Jereboam na latha fein ;
 Thog fras do locuist le samhladh do dh-eolas,
 Se sud'n luchd treorach' tha measg no treud.
 Bheir iad baisteadh do na cheard,
 'S do na mhisgear a mhionnaicheas ard ;
 Do an t'striopach, a's dhoibhs 'tha baoghalt,
 'S cha duilt iad aon, ach na sheilbhich gras.
 A Rìgh is aird ! seall amhain le truas,
 Air an tearc do chairdean, tha san fhasach bhuan ;
 Tha air an sarachadh, anns gach cearnuidh ;
 Le luchd aidich laidir, gun ghras, gun truas.
 Cuir trompaidean airgid ris'm bi fearg na beist,
 As tog na mairbh leo gu do sheirbhis fein ;
 A bhitheas mar bheul dhuit gu gin a's aireach,
 'S thoir dhachaidh'n airc leo gu haite fein.
 Thoir fainear an seors ud tha seoladh 'chuan,
 Le iochd a's trocair bho'n stoir tha shuas ;
 O lamhan Joseph, a mhaireas beo dhoibh,
 Chum iads' a threorachadh as gach truagh.
 Mur creid sibh'n fhirrinn a bhi 'sna rainns',
 Siribh am biobal bho cheann gu ceann ;
 Le t-aire's dichiol' airson 'ur nanmaibh priseal,
 Mu'n ruig sibh diteadh'n cois nan druidhean dall.

ORAN NA PARLAMAID

LEIS AN NEACH CHEUDNA.

Mu naire ! mu naire !
 Mu naire e ri luaidh !
 Air Breatuin agus Eirin,

Dha'n d' eirich an truaigh ;
 Tha cogadh leis an t-Satan,
 'S ag aicheadh Rìgh nan sluagh ;
 Thoirt dhachaidh ris a Phap leo,
 Sa chradh ceile an Uain.

Ciod e'n toibheum bronach
 Thug Seoras aig an ams' ;
 Dar dhuilt e na boidean,
 Chuir an crun ud mu cheann ;
 Thug sumanadh do'n Ard Rìgh,
 Es fhagail gu teann ;
 Gus an d'ugadh es an t-ait sin,
 Do'n t-Satan 's d'a chlann.

'Se WELLINGTON am paist ud,
 A thog an Satan suas ;
 Rinn sgalach do no Phap dheth,
 Gu aircach a shluaidh ;
 Thoirt toibheum leis do'n Ard Rìgh ;
 'S chuir chairdean fuidh ghruaim ;
 'S ma leanas e ri abhaist,
 Bidh'm bas aig mar dhuais.

Tha Pop Peel graineal,
 Air ardachadh leo ;
 Le rìgh agus parlamaid,
 Gu'n naire 's gu'n leon,
 Lotadh leis na cairdean,
 Tha thamh 'san roinn Eorp ;
 'S phill e gu Satan,
 'S be phlaigh e bhi beo.

'Se sud an ni tha run orm
 'S na rainns chuir an ceill ;
 Mu thimchiol an t-seors ud,
 A ruith 'mach bho sheoladh Dhe ;

Chaidh shuidheachadh a's orduchadh,
 Gu treorachadh na treud ;
 Cha do sguir iad riamh do'n doighean :
 Gus na phos iad a bheist.

Tha Caiphas 'sa bhraithrean,
 An drasd air tighinn beo ;
 A's ministeirean gun ghrasan,
 A chradh siun 'sa leon ;
 Na proctairean aig Satan,
 A'g aicheadh Rìgh na gloir ;
 Thoirt dhachaidh na ban-traill leo,
 'S a phapanas mhoir.

Tha bhan-striopach scarlaid,
 An drasd a 'faighinn buaidh ;
 'S an dragon d'am bu cheairde,
 Bhi riamh' milleadh an t-sluaigh ;
 Is iongantach an t-Ard Rìgh !
 Nach d'aicheadh e do'n ghrein,
 Bhi soilseachadh an latha dhoibh,
 A thuit amhain do'n bheist.

Innsibh do mo chairdean,
 'S do'n phapanachd gu leir ;
 Gu'n d-fhuair mi nise m'ailleas,
 Gu slan am measg an t-sluaigh ;
 Le rìgh agus parlamaid,
 Thug an drasd dhomh a bhuidh ;
 'Nfhad dh'fhanas iad dhomh nan cairdean,
 Gheibh iadsan an duais.

Cha'n eil an greig, n'an eabhrach,
 Cainnt gu chuir an ceill ;
 Am beurla, n'an gaelic,
 A dh' fheuchas e gu leir ;
 An toibheum thug an Satan,

Dar thainig e na leum ;
 Nuair shuidh e anns a pharlamaid,
 'Sa leag e' mhain iad gu leir.

Cha'n e mahomitanaich, no papanaich,
 A chradh sinn 'sa leon ;
 Oir bha iads' fuidh bhratach Shatain,
 Bho thainig iad an tos ;
 Ach muinntir d'am bu nair' e,
 Tha stan fuidh na neoil ;
 Do an ainm Protestanaich,
 Thug masladh dha do ghloir.

Fhuair sinn anis ar cradh,
 Bho ar parliamaid fein ;
 Bho 'nuair a chaidh am fagail,
 Gu plaighean an cridhe fein ;
 Leag iad am ball' ailt ud,
 Chaidh 'nairde leat fein ;
 'S chuir iad Jericho 'na aitsan,
 Gu aireach na beist.

Chaidh Assembly na h-Alba,
 Air falbh mar an ceudn' ;
 A's rinn iad thusa aicheadh,
 'S do chairdean gu leir ;
 Thuit an rionnag ailt ud,
 Amhain bho na speur ;
 'S rinn am Pap agus Satan,
 Dhuibh cairdean dhoibh fein.

Tha Jerasalem nan Iudhach,
 Na duin a's na carn ;
 Oir rinneadh leo do dhiultadh,
 Mar dheirich dhuinn' an drasd ;
 Tha ar n ilsibh 's ar n uailsibh ;

Fuidh thuaileasg gleidh ard ;
 Ged rinn thu roimh an saoradh,
 Bho dhaoirsinn a Phaip.

Nach tuig sibhs' uailsean,
 An duais ud tha dha ;
 Gur leisan mar oighreachd,
 Gach teaghlach gun ghras ;
 Mar dhinnis dhuibh an t-Ard Rìgh,
 An drasd air an d'rinn sibh tair ;
 Gu'm bi es a's iads gu siorruidh,
 Air am pianadh 'san aon ait.

Chair iad cleir an airde'n sud,
 A's CHALMERS oirr na bheul ,
 Duine cho lobht aileadh,
 'S tha stan fuidh na ghrein,
 Oir bha bhroinn air sgaineadh,
 Le ardan a's le fein ;
 Thuge chreidsinn air'n fheaghan bhaoth ud,
 Gu'n leighiseadh e'n drasd a bheisd.

Dheirich a risd an Granntach,
 Le strann as a bheul ;
 Thilg e uaith a mhanntal,
 'S rinn e cleamhnas ris a bheisd ;
 Thog e suas a shailean,
 A's dhaicheadh e thu fein ;
 A's thubhairt am brogach dan ud,
 Se'm Pap mo roghain fein.

C'ait am faighear anns an fhassach,
 Neach a thaireas chuir an ceill ;
 An toibheum ard ro uabhasach,
 Chaidh suas gu caithir Dhe ;
 Mar rinneadh roimh le'm braithrean,
 Air Slanuighear na treud ;

Nuair roghnaich iad Barabas,
A bharr air Mac Dhe.

Nach ann tha'n t-aobhair gruaim an so,
Dhan tha gluasad 'sa Chriunne-ce ;
An gnìomh ro laidir uamhasach,
Rinn an sluagh ud air an fheill ;
Dar chaidh chuir air bhotachan,
Ard Rìgh na gloir sa bheisd
Gun dubhairt iad le Satan,
Se'm Pap ar roghain fein.

Nach eisd sibh, nach eisd sibh,
Nach eisd sibh le gruaim !
Ri fuil nan naoimh ag eigheachd,
'Nanaoibhinn thighinn a nuas.
'Se'm freag radh sin a fhuair iad,
An uair bho do bheul ;
Gu'n deidheadh an an aoibhinn shiorruidh
A dhioladh orr gu leir.

Mo thruaigh leir mar tha mi !
'S mi'n drasdaich fuidh ghruaim,
Measg ginealach gun naire,
Maoth bhlath agus truagh ;
Their iad le'm beul ruit,
Gur cairdean iad fein ;
Ach ma shireas tu ni's fearr iad,
Gheibh thu naimhdeas fuidh'n sgeith.

Ciod a their mi'n drasdaich,
Ris a phairt ud gu leir ;
A bha taisbeanadh dhomh cairdeas,
'S thug taire dhomh ro gheur ;
Ach 's eigin dhomh's ro drasdaich,
Am fagail gu leir ;

'S m' aghaidh chuir do'n fhasach,
 'S mo chradh chuir an ceill.
 Ach 's mor air do throcair,
 'Thag ordach' dhuinn na grein ;
 'S an talamh so mar combhuidh.
 Tha lan dhed' mhaitheas fein ;
 Ged 'rinneadh gnìomh cho nair leinn,
 Ri t-aicheadh uile gu leir ;
 Nach d'fhosgail an talamh' bheul oirnn,
 Mar rinn air Dathan fein.
 Ciod a their na cairdean,
 Chaidh'n drasdaich thoirt suas ;
 Bha roimhe so 'san fhasaich,
 An deuchainean ro chruaidh ;
 Rinn seasamh anns a bhearn ud.
 Ri naimhdean ro chruaidh ;
 A cogadh ris an t-Satan,
 'S le'm bas thug iad buaidh.
 Tha'n Diabhal na mhoderator.
 'S am Pap aig mar long ;
 'Se toirt leis an al so,
 Anhain gus a pholl ;
 Le mhealtaireachd laidir,
 Ro chraiteach agus mhealt ;
 Mur seas Dia nan gras roimh.
 Bidh chearnaidh so millt.
 Mar a rinn Jeroboam,
 Rinn Seoras mar an ceudn' ;
 Thug Gentilich a's Judhach,
 Gu'n culaobh chuir ri Dia ;
 Gu aoradh do'n t-Satan,
 Don Phap, a's d'a mianu ;
 Leis 'na bhrosnaich iads an t-Ard Rìgh,
 Gum fagail gun chiall.

Tha corruich mhor air an Ard Rìgh,
 Tìghinn amhain oirnn gu teann ;
 Air ginealach gun ghrasan,
 'S am Pap air an ceann ;
 'S an cumhachd ud air aicheadh,
 Leis na thearruin Es a chlann ;
 Mar dhinnis E le bheul dhuinn,
 Mu'n d'thainig an tam.

Tha cumhachd aig an t-Satan,
 Bho'n Phap a's bho shluagh ;
 Gu cogadh ris na braithrean,
 'S chuir chairdean fuidh ghruaim ;
 Tha mhisg ud ro laidir,
 Air an traill-ud-aich raimh ;
 Gu fuil nan naoimh a dhoirteadh,
 Mar cheol doibh 's mar bhiadh.

Mo thruaighe leir mar tha mi !
 Measg al tha cho fealls' ;
 Tha fuidh bhratach chairdean,
 'S rinn ann Satan iad dall ;
 Le'n comhairlean gun ghrasan,
 Lan tlas agus mealt ;
 'Tional dhachaidh chairdean,
 Do'n Phap a's d'a chlann.

M A R B H - R A N N ,

Do Dhomhnall Sinclair bh'ann an Trantlemore,
 Strath-haladail,—le Joseph M'Aoidh, Fear-ceas-
 nuichidh.

Cha mhor nach eil mi sgith,
 Dheth an t-saoghal so tha lathair ;

Mo bheatha dhomh na h'eallach,
 'S mo chomasan air m'fhagail ;
 Mi saothrachadh fuidh'n eallaich,
 Thug fallais mach troimh Adhamh ;
 'S mur fhaigh mi Josa Criosd,
 Gheibh mi siorruidheachd chraiteach.

Nach truagh leibh an duine,
 Tha sna cunnartan tha so,
 Na luidh fodha na chiont.

Anns na thuit Adhamh ;
 Dh' uireasbhuidh na fireantachd,
 Chaidh sgriobadh dhinn le Satan,
 'S mi air m'fhagail gu truagh,
 Fodha thruailidheachd nadur.

Ach se tha'na aobhair eagal dhomh,
 Gu'n d'thainig m'aideachadh gu aird'
 Mus d'fhuaire mi aithne as faireachdan,
 Gu breithneachadh air airidheachd ;
 Se'm barr d'fheumas crionadh,
 Th'air lionadh mo gharaidh,
 'S mo lios ri leth-fhichead bliadhna,
 Gun fhiogais do d'fhas innte.

Se tha leasachadh mo chruadail,
 Sluagh bhi gun suilean,
 Iad bhi'g radh gu bheil iad faicinn,
 'S gum bheil focal ac' mar ughdarras ;
 'N gnìomharan a taisbeanadh,
 Gur leisgearan iad gun churam ;
 Solamh 'g radh mu'n deighin uile,
 Gur luchd milleadh thun a chul iad,
 Bha na h'aithrichean 'g'innseadh dhuinn,
 Gu'm biodh'n tir so na fasach ;
 'S tha air gnuis nis 'g'innseadh dhuinn.

Gur e'n fhirinn bha so ;
 Tha focal aig na huile fear,
 'S a chumantas an trath so,
 Nach fheud anam bhi gun Chrìosd,
 Ma tha e sìobhailt na naduir.

Se chainnt bha aig Abimelech,
 Tha general an drasda,
 Cait am breagh i air a tuirsgeadh,
 No an uchd mortair nam braithribh ,
 Nuair chi iad bhi togail fianuis,
 'N aghaidh gnìomhairibh 'shatain,
 Tha fhuil aig clachan an ordugh,
 Air a doirteadh gu lar leo.

Tha bhuidhean so 'sna h' uile ait,
 Air am mionnachadh aig Satan ;
 'S cha neil drop dheth an fhianuis,
 Chruthaich Dia nan gras annt ;
 Nach imir iad bhi toiridheachd,
 Le foireiginn gle laidir,
 Se'n aon pheacadh tha gun mhaitheanais,
 Bhi labhairt 'n aghaidh Bhaal.

Och ! co dha dhinnseas mi,
 Nis mar a tha mi ;
 'S muinntir na tìr so,
 Air gabhail sgios as grain dhiom ;
 Bho mhinistear na sgìre,
 Gus an neach as taireal ;
 Sann a dheireas greann orra,
 San am 'n cuir mi failt orra.

Tha daimhean bha uaigneach,
 Air an gluasad leis a bhàs uainn ;
 'S an t'aithe an robh iad tamh,
 Tha seallaidh dheth na bhàs dhomh .

Bhi faicinn na huaighean,
 As gruaim air na d'fhag iad,
 'S na bantraichean gum chradh,
 Gu h'araidh la na sabaid.

Mo bheannachd bhi san tomb,
 N deach Domhnull a charadh ;
 'S mo bheannachd aig na h'ainglidh,
 Bha gu champuchadh san fhasaich ;
 'S mo bheannachd aig an tigh shuas,
 Thug suas e bhon t' saoghail :
 'S mo bheannachd bhi aig criosd,
 Se'n iobairt a shaor e.

Nam bithidh an gaol beo,
 Bhiodh e leont an deigh Dhomhnuil ;
 Nam bithidh gradh anns an tir,
 Bhiodh e sgith le bron ann ;
 Bhuil dhionaidh tu le stuamachd,
 'N sluagh aig a chodhail ;
 'S ged bhithinnse lan fearg, [null.
 'S mi nach aithnuicheadh sud air Domh-

'S gruaimneach a dfhag nis,
 Do bhas as an tir so ;
 'San tearc tha ann an gras dhuibh,
 'Se'n t' sabaid bhios sgith dhoibh ;
 Bu mhilis leam a seinn thu,
 Bhiodh linn ort aig urnuigh ;
 'S tu thogadh na notach,
 'S gu comhnaird a dhinnseadh.

Tha tearc anns an tir so,
 Tha sgith agus craiteach ;
 'S goirt a bhui a bhuill ud,
 Re Uilleam do bhrathair ;
 Ann bha aig muilleach,

Thug e buille no dha dhi ;
 Uilleam milis be mac e,
 'S be Domhnull a bhrathair.

Sann tha mo thruas ris,
 A mhuinntir chruadh laidir,
 'Tha 'g radh gu bheil iad bronach
 Bho cha Domnull a charadh ;
 Ithidh iad am biadh,
 'S ni iad gnìomh mar babhuist,
 'S coidlidh iad an oidche,
 'S bochd an oighreachd tha so.

Tha na Gibeoniteach,
 Gle situichte bho dhalbh thu ;
 Oir dh'fheumadh iad eudach bron,
 Mu chomhair do bhas as ;
 Caitheadh iad na sean bhrogan ;
 'G ol air na bainnsean,
 'S ithidh iad an t' aran liath,
 Gu 'm biadh air la na sabaid.

Se d' fhag mise cho sgith,
 Do chaochlaidh craiteach,
 Se bhi dheasbhuidh teudainn,
 Bha faolaidh as blath dhomh ;
 Bhi gun duil tuilleadh t' fhaicean,
 Air seachduin no sabaid ;
 Sann cha do thoirt suas,
 Bho bhuaireidhean shatain,

Ach sguireadh mise mu Dhomhnull,
 Oir 's leor dha bhi san riaghachd ;
 'S theid mi dhachuidh bronach,
 Gu aonaireachd na dige ;
 Ged thuit mi anns a bhlar,
 'S anns na fasaichean sgith dhomh,

Cha 'n fhaigh mi neach do'm conveyagadh,
Fiu cairteal na mile.

Cha bionnan sud as mur bha,
Nuair bha'n gradh ann an Trantle,
Cha burrain mi dhol seachaid,
Nach fhaiceadh e san am mi ;
Thigeadh e gu'm choiseadhachd,
Ais gach uchdach as allt dheth,
'S nuair ghuidhean slan leis,
Be leithsgeul gu'n robh puinc aig.

Na iarr orm t'fhagail,
Se babhuist dha bhi canntuin ;
'S na iarr orm claonaidh,
Bho na ghaol bhios gu do leantuin ;
Mur bha Ittai le Dabhuidh,
As e aig a bhatail,
Far am faigh thu bas,
'S fearr leam bhi'n taic ruit.

Sgainidh na Phairiseach,
Bithidh'n tardan ga'n tachdaidh ;
Sgainidh na cealgairean,
'S bithidh farmad 'm feasd orra ;
Bithidh fearg air a bheisd rium,
Agus reubaidh e gun cheist mi,
Airson mheud sa rinn mi luaidh,
Do na buaidhean bha airsan.

M A R B H - R A N N,

Do Iain Grannt, a bh'ann'san Taobh-tuadh, leis an
neach cheudna.

Sann air an seathamh la deug,
Do cheud mhios an t' samhraidh ;

Naoi thar fhichead is ochd ceud,
 Do bliadhna thar an t-susdan.
 Fhuair sinn briseadh agus leon,
 'S ri mo bheo 's cha deid a charadh ;
 Se caochlaidh Iain Grannt,
 Thug dhuinn a chaingish bhronach.

Fhuair sinn briseadh, &c.

Ach na'm biodh e'n comas duine tha beo,
 Gu cuir an ordugh mharbhrann ;
 Is mis bu chor bhi air an tos,
 Bu choman dhomb's bhi'g iomraidh.
 Tha es san ur 's tha bhiobul duinte,
 'S gur buill chuir gu dearbh e,
 Don a bheagan bhruit a chaill an lus,
 'S tha 'nanam cuir bho dh'fhalbh e.

Tha es san ur, &c.

Sann an Diobull so a stan,
 A choinnich fabhair Dhia ruit,
 Dar chaidh do dhiteadh le lagh Mhaois,
 San fhirinn dheanadh fionais.
 'S do bhreath gu'n dail bho bhroinn a bhais,
 Le aisead bha na miorbhailt ;
 Sann troimh an tsnamh cha thu gu traigh,
 Gu staid nan gras 's na diadhachd.

S do bhreath gun dail, &c.

Cha bu luaidh na dh'fhosgail Dia do bheul,
 Le spiorad treun na fianuis,
 Na dhuig e Satan 's a chuid fein,
 Gu thus a gheur leanmhuinn,
 Le tairbh Bhaasan 's cleir gun ghras,
 Bha dhuits nam plaigh 's nam pianadh ;
 'S bithidh cuid a cradh gu la am bais,
 Gu'n d'thug Cathaobh dhas an irmich.

Le tairbh Bhaasan, &c.

Ach cha bu bheag am pìras broin,
 Air Cathaobh dh'fhogar uath e ;
 Dar d'fhas e laidir ann an gras.
 Se sin dar dh'fhas iad fuar ris.
 Ach dhinnis es dhoibh le bheul,
 Gu'n d'thigeadh eigin chruaidh orr,
 'S gu'n diolagh Dia e air an clanns,
 Bha stambudh air an fhionuis.
 Ach dhinnis es, &c.

Bha es air a sheoladh sin le Dia,
 Is be Strathie a cheud chomhnuidh ;
 'S bha na cairdean sin a'g radh,
 Tha 'n Airc a tighinn gu comhnard.
 Is gheibh na colamanan aig Criosd,
 Am biathadh mar bu choir dhoibh,
 Bidh beatha do'n anama tighinn bho bheul,
 Is bidh manna fein mar loin aca.
 Is gheibh na colamanan, &c.

Ach fhad's a bha thu anns an ait,
 Bu bhlath do thigh an comhnuidh,
 Do luchd an turais as gach ait,
 Ma bha plaigh sam bith cuir toir orra.
 'S tusa a dh'aithnicheadh air an gnuis.
 Ma bha sugh do'n eagal bheo annt ;
 Ma's ann bho Eden bha an leon ;
 Bha thus na t'eibheall bheo dhoibh.
 'S tusa a dh' aithnicheadh, &c.

Ach thainig spiorad air an tir,
 Is chuir e'n fhirinn suarach ;
 'S lion e uchd nan daoine mor',
 Is dh' fhogar iad an tuath uaith.
 Cuid gu sal, is cuid gu bas,
 'S cuid gu aitean failbhisg' ;

'S chaidh caoirich bhaine chuir nan ait,
Is paganaich gan iniltribh.

Cuid gu sal, &c.

Is bhris a phlaigh an sin gun dail,
Air aireamh do'n luchd leanmhuinn ;
'S chaidh do spiorad leo a chradh,
San ait mas deach thu irmich.

Eadar facudar is maor,
Chaidh sineadh ort le foirneart,
'S cha robh tent ann gu do dhion.
Ach na rinn thu'n Inbhirsheorsa.

Eadar facudar, &c.

Ach fabhair freasdal a bha riamh,
A riaghladh dhuit do phorsan,
Dhoisg E dorus dhuit as blas,
Bho phairt a meadhan Mhoab.
Mheud's bha bla le dealt nan gras,
Bha thu t' Aaron dhoibh an comhnuidh ;
Ach'n d' thainig am do thoirt air falbh,
Oir bha mairbhe ri thoirt beo leat.

Mheud's bha bla, &c.

O R A N,

Do chailin araidh leis an neach cheudna.

Tha na mallachdan a thoill thu,
Bhith gu bithbhuan gad a croineadh,
Air an slugadh gu saibhir,
Ann an toillteanas Chrìosd.

Gu bheil peacaidhean t'oige,
Agus praingan na feola,

'S gach iomairt is dobheart,
Tha fo chleoca a bhi stuaim.

Gu 'm bheil iad sud air am bathadh,
Ann an torradh nan stracan,
Fhuair esan 'sa gharradh,
Is ann an Calvary fhuair.

Iarr comhairle air Iehobhab,
'S leig thairis am posadh,
Thig dhachaidh gu stoladh,
'S bi beo ann an sith.

Na chi thu na inns' e,
'S na chluinneas na sgaoil e,
'S bith fuaigheal a daondan,
Gach aodach bhitheas reubadh.

Iarr comhairle mus sin thu.
Ann an nitheana timeil ;
'S bitheadh fianuis na firinn,
Ann a t' inntinn do ghnath.

O'n is fhearr d'huit a h'anail,
Chum blas chuir na t' anam,
Na aodainn do leannan,
'S e gun aithne aig air Dia.

Dheanainhs ceathrar dhiu ainmeach ;
'S ma aon dhiu gad leanmhuinn,
Dean thus mar ni'n t'earba,
Nuair bhitheas an sealgair na deigh.

Teich thusa don fhasaich,
Ach am faigh thu an t'aite sin,
A fhuair a bhean aillein,
N'uair bha 'n dragon na deigh.

Ach na pos fear na piorbhuic,
 Na idir fear gun mhaoin aig ;
 Na precentor na sgire,
 Ged as caomh leat fear og.

Na pos fear gun urnuigh,
 Ni t'anam a chiurradh,
 Le iomadaidh curam,
 Mu da bhruth 's ma do dhruim.

Cuiridh e bithbhuantachd air dichuimhne,
 'S theid t'anam am prìosan.
 S' chaneil dad ach fuil Chrìosd,
 Ni dìon dhuit a rithisd.

'S cruaidh a sgàl ann's an anmoch,
 Iomchoireach air anamna ;
 Na inns' e an Ashkelon,
 'S na eigh e ann an Gath.

Gur e an diobhal 'san saoghal,
 Agus deireadh nan daoine,
 Thug m' anam 's mo th'im dh'iom,
 'S am brìgh e mo chorp.

Bha chomhairlsan trathail,
 Rinn iad tiorceadh air aireamh,
 Mur a chum Abigail,
 Rìgh Daibhidh bho'n olc.

Ach a nighean mo ghraidhse',
 Dean's feim dheth 'n dan so ;
 'S na cuir suarach an talannd ;
 Air son am barda bhi bochd.

Deansa mocheiridh shabaid,
 Mar chleachd thu san aite so ;

'S bi cinnteach gu h'airigh,
Bhi stan aig an uaigh.

'S bith aingeal a chumhnant,
Toirt naigheachdan ur dhuit,
Deanaidh t'anam 's t'urnuigh,
Mar an druchd air an fheur.

M A R B H - R A N N

Do Charlus Gordan, Ceannaich a bh'ann an Inbhirs-
heorsa—leis an neach cheudna.

Ach se uireasbhuidh grasan,
Agus laigud mo phairtean,
Chuir sud iomadaidh dail,
Gus an drasd air do mharbhrann.
Ach se uireasbhuidh, &c

Ach ma 's eigin dhomh sineadh,
Sann ad diugh tha mi' m'aonair,
Chionn nach fhaic mi san t'saoghal,
Tuilleadh t' aodainns a CHARLUS.
Ach ma 's eigin, &c.

Se do bhas thug an leir oirn,
'S la dorch na h' aneibhinn,
Is guth geur na foireiginn,
Sior reubadh an talann.
Se do bhas, &c.

Se do bhasas a CHARLUS,
Dh' fhag iomadh bochd craiteach ;
Tha gach tional na fhasaich,
Ann's an ait sin bho dh'fhalhh thu.
Se do bhasas, &c.

Tha do theaghlach bha fiughail,
 Le seinn agus urnuigh,
 Lan gruaim agus cuiridh,
 'S na h' uile taobh anns am falbh iad.
 Tha do theaghlach, &c.

Tra thig tional an orduigh,
 Agus cuideachd na combail ;
 Ni do shuidheachans leon doibh,
 E bhi'n combnuidh gun lionadh.
 Tra thig tional, &c.

Bidh na cealgairean sugrudh,
 Bhoil bha thu do sguirs dhoibh ;
 'S bidh na leontaich a' crubadh,
 Le gnuisibh gle ghruaimeach.
 Bidh na cealgairean, &c.

Bha do ghibhtean 's do phairten,
 Bho'n la libhrigeabh gras ort,
 Mar a chraobh Phailm,
 Bhidh fas na huile mios ort.
 Bha do ghibhtean &c.

Bha thu t' fhasgadh do aireamh,
 Is na t eisemeal do chach dhiubh,
 Bhiod t' anail gu'n aireach,
 Tra bhiodh Satan gu marbhadh.
 Bha thu t' fhasgadh, &c.

Chuireadh tu gean air a ghruigean,
 Bheireadh tu bruidhean a muigean,
 Chuireadh sealladh dhe do shuilean,
 An trucair air falbh uat.
 Chuireadh tu, &c.

Bha mi fada 'san fhasach,
 'S fhuair mi beagan do sharachadh,

Ach cha 'n fhac mi leith'd CHARLUS,
Gu deanamh blas agus dion domh.

Bha mi fada, &c.

Bha do sholus a soilseach',
Mar rionnag bha boisgeach,
Tra rachadh tu do bhruidhean binn,
Bha thu leont thaobh gras.

Bha do shallus, &c.

Och ! a bhail Inbher-sheorsa,
Dh' fhalbh uat dithis bha oirdheirc,
CHARLUS GORDAN is Domhnall,
Rinn sud leon do fhioria'chd.

Och ! a bhail &c.

Fuair fhuair mi cuid straidean,
'S cha bhlathaich iad mis ann a parlour
Bho chaidh cairdean mo ghraidh,
Leis a bhas thoirt air falbh uainn.

Fuair fhuair mi &c.

Cluintibh ceannuich ag eigeachd,
"Thig is paigh do chuid feuch dhomh";
Cuid eil air an fheill dhiubh,
'S an leomhan beucach 'gan ionaltradh.

D A N

Air banais Seoris Muillar,—leis an neach cheudna.

N'am biodh agams' cothrom gu imeachd,
Agus comas gu sineadh mo chas,
Gu'n deithins air m'adhairt do Risgill,

Mus pillinn do Dhiges' air m' ais ;
 Gus am faicinn sealladh do' teampul,
 Anns an beil Banrigh na mais,
 Is na faighinse crathadh dhe laimh
 Gu pilleadh mo gheamhradh s' air ais.

N'am faighin cho fagus 'sa b'abbais,
 Is gu'm faicinn is grass ann a gnuis,
 'S na'm beanuinn ri dorus a pharlair,
 Cha chreidins gu'n tamhadh e duint ;
 Is nan d'igeadh stiubhard tigh Joseph,
 'Sann do chuibrigeadh bord dhuinn as ur,
 G'um blaisinns air measachain na tire,
 'Se bainne agus figus agus mil.

Ach n'am faicinn sealladh dhe'n ailteachd,
 Dhe' da gheat is aird tha sa chuirte,
 Agus bliuc dhe na seallaidheau sgiamhach,
 Thigeadh 'mach bho sgiathadh a da shuil,
 Agus maise na diadhachd,
 Mar tha e air sialadh a gnus ;
 'N sin thuiteadh mo shlabhruidhean iarunn,
 Tha orms' air iadhachd cho duint.

Ach n'am faicinn a bhanais tha'n Cana,
 Bu chinnteach mo chails' a beath,
 Dar thionaileadh anail na cairdean,
 Cha b'eagal nach blathaicheadh iad mis ;
 Bidh fear Claish a-chragain ag urnuigh,
 O cumaidh gu dlu ann ur ranc,
 Le feagal gu'n d'thig saighead bho'n t-satan,
 Do fheuchainn am fair e nur lot.

Gu cinnteach bidh cocair bho Chlin ann,
 Le beagan do spisreadh is mil,
 Cha'n eagal nach deasaich e lon doibh,
 'S bidh searmaid a phosaidh na lagh ;

Le begean do chomhairlean diadhaidh,
 Cionnas gu riaghladh a tigh,
 Reist theid Eilidh agus Seoras,
 Thoirt dheth na stol phosaidh gu maith.

Bidh gobharnair aca's gu riaghladh,
 'S gu faicinn na diot air a bhord,
 Ni gleidheadh bho luibheanabh fiadhaich,
 Le eagal gu'm biadh iad an fheoil ;
 Canaidh sinn Alastair Gearr ris,
 Oir tha a gheug phailm' na dhorn,
 'S bidh leabhraichean lagha na righeachd,
 Aigesan ann a mineachadh beo.

Ithidh agus olaidh a chairdean,
 Na faiceam gu brach sibh n' as mios,
 Tamhaidh bho bhuidheagan shatain,
 Bhuil tha iad nam plaigh a ni sgrios ;
 Faighibh grapes agus ubhalan,
 Cumaidh iad cubhr' dhuibh an tigh,
 Agus pailteas do mheasaichen samhraidh,
 Is gheibh sibh iad anns a Bhad-bheath.

An sin a deighidh na h' urnuigh,
 Thu'd iadsan gu taobh leo fein,
 Do dh' aideachadh maitheas na cuirt,
 Rinn an cumail gu dlu ri a cheil ;
 Tionailidh creutairean gradhach,
 Is theid iad do charadh a leap,
 Sgaoilidh iad plaideachan bana,
 Nach facas 'san aite s' an leithd'.

An ollainn chaidh ungradh 'n tigh Aaron,
 Bidh sud ann an areamh a shlait,
 Chaidh shniomh fo bhallachan Dhaibhidh,
 'S chaidh thacharas gu tla le Ceit ;

Chaidh fhidhe le gaol na'm braithrean,
 Cumaidh sud blathas anns an tigh,
 Is cha chreid mi nach 'eil iad ag radh,
 Cha'n fhaic sinn gu brach an leith'd'.

A nis ma fheasgair a maireach,
 Ni bhanaid bha'n an Cana turn ;
 Bithibhs dol dhachaidh gu'r n'aiteach,
 Is cumaidh a cairdeas a dlu ;
 Fagaibh beannachd nam braithrean,
 Sann aig a phairtidh uir ;
 'S tha duil agam gu'n tog sibh do bhadge,
 Urrad 'sa phaidheas am bard co dhiu.

M A R B H - R A N N

Leis an neach cheudna, chum cuimhne inghean dha.

Soillear dhinnis a bhliadhn so,
 Gur ni diomhan bhi'g earbsa,
 As a ghinealach ogsa,
 Tha mar cheo roimh an anmoch.

'N tra thig corran a bhais,
 Stigh eadar parant is leanabh ;
 Ni e'n gearradh gu siorruidh,
 Mach a fianuis na dh'fhanas.

Se do bhas sa a Mhairgad,
 Dh'fhag mo mharbhrann cho bronach ;
 Nach 'eil comas ann am inntinn,
 'S urrainn innse cho leointe.

Tha mo spiorad agus m' anam,
 Fo m'anail air faobhair,

Bho'n la fhuair mi sud sgriobhta,
Gu'n do chaochail thu Mhairgad.

Bha do bhas sa gun duil ris,
Na ghuth dusgaidh d'an oige ;
Iad bhi leagail na sgiathan
Mus d'thig Dia air an toir'se.

Gun an suilean bhi'g amhairc,
Air beanntuichean goirreach ;
Ma gheibhair falamh do ghras iad,
Gun d'theid am bathadh an Iordan.

B'urasd athnachadh air t'imeachd,
Nach robh do thimse ach goirid ;
Rinn thu chaithidh an stuaimeachd,
Measg na h-uailsibh gu minic.

Agus maithean na h-islibh,
Anns gach tir agus inbh',
Bha thu ullaidh gu'n slanachadh,
Tra thineadh cach air an tolladh.

Cha robh t-fhearg na do dhiumadh,
Ri aon neach anns an fhearann ;
Bha do shuils' air sliochd Dhaibhidh,
'S tric a bha thu gam falach.

'S tric a rachadh tu gus'n tigh chuil leo,
Is shealladh tu cubhr air an galair ;
'Scha'n innseadh tu dod' chairdean,
'Nt'ait am bidh phairt ud air am falach.

Ach's mor mo thruas ri do mhathair,
Is i ciurt aig a spiorad ;
Bho'n la fhuair i an sgeul ud,
Thug do bhas i gu sileadh.

Agus do phiuthair a tha Melness,
Ge be do'n athne gur ciurt i ;

Ge 'd a tha i gle stuaim leis,
Bheir e'n uairean a dulan.

Cha'n iongantach mise bhi bronach,
Agus ciurt aig mo spiorad ;
Bhi ri' aghaidh a phairt ud,
Tha cho slan 'sa bhaid 'n uiridh.

Ach se Jain Sutharlan mo ghraidhs',
Agus Uilleam finealt Mac-coinnich,
Is Mairgad 's i' na h-oighe,
'S dh' fhag iad bronan 'nan deigh.

MARBH-RANN

Chuin cuimhne Uisdean Mothanach, Badinloch, ann
an Cathaobh, leis an neach cheudna.

Och ! is Ochan mar tha mi,
Is mi 'san fhasaich do thuinidh ;
Agus cumhachd nam basan,
A deanamh plaigh tha neo chumant.

Gad eal trumpaid a bhais,
Gach aon la ri ar n'aghaidh,
Cha'n 'eil feagal no gluasd ann,
Tha faotuinn buaidh air nar cunnart.

Tha na Flaitheanas an drasd,
Ag radh gu' fag iad sinn buileach ;
Le bhi tabhairt nam beoil uainn,
Rinn do throcair a chumadh.

Gu bhi labhairt na firinn,
Is ag innse nar cunuart ;

'S gur e bas Huistean mo ghraidhse,
Rinn na braidhechans a lomadh.

Chunnaic mis thu Inbher-sheorsa,
Dar bha'n t-ordugh na shuidhe ;
'S chuir iad thus do sheinn ann,
'S tu bha inntinnach cridheil.

Dh'fhaoite athnachduin air do thriumphan,
Gur e ceol nan ainglean a bh'agad,
Cha robh clach anns an teampul,
Nach robh le aoibhneas 'gad fhreagairt.

Is dar rachadh tu bhriodhan,
Air an t-slighe bha comhnard ;
'S tu labhradh an fhirinn,
Mar a dh'inntig i'n tos ruit.

Bhiodh sabhair na naomhachd,
Tighinn gu min bho do chomhradh ;
'S tu nach gabhadh an iast e,
Gu chuir sios mar do phorsain.

'Stric a dh' fhuiling thu diumadh,
Air son do thaobh ris an t-seors ud ;
Oir nach robh na comhraidhean diadhaidh,
Mar a ghrian is i' seoladh.

Ach 's tu nach culaicheadh diadhachd,
Ged qhiodh tu bliadhn nan comhradh ;
Sann a gheibht thu ag iasgach,
Air leac nach b'fhiach le moran.

Ach gabhsa truas ris a bhaile,
Anns an robh e do chomhnuidh ;
'S ged a thug thu uath Lot as,
Na dean loch dheth mar Shodom.

Ach biodh agad ann fianuis,
Bhios 'ga t'iarruidh an comhnuidh ;

Is thoir a dh'ionnsuidh na beinn iad,
Mu'n d'theid am milleadh 'sa chomhnard.

Bha mis' anns a bhodhan,
An am caradh do leapa ;
'S shaoil leam 'san uair sin,
Gu'n robh mi gruaim each 'san t'seasamh.

Ach thainig focal do'n fhirinn,
Thug saors aig 'n am sin ;
Ach 's eigin dhomh nis bhi sothadh,
Dh'ionnsuidh reothadh agus geamhradh.

M A R B H - R A N N

Do Ioseph Mac Aoidh, Fear-ceasnachaidh, le
Robert Gunn.

Dh' fhalbh na hainglibh le Seorsaidh,
Bho ghleann nan deoir aig an ams' ;
'S gu cinnt dhe amghairibh Ioseph,
Cha robh do phorsansa gann ;
Dh' fhuathaichadh thus le do bhraithrean,
'S dhiomsgair am pairti's gach ball,
Mur do shath iad na saighden bu gheoir annad,
Innseadh an doigh bhos is thall.

Se chuir an caoch air an diabhal,
Urrad 's bha do Chrìosd annad fein ;
Siomadh comadi dhiomhair,
Bha ac an ifrinn shìos mu do dheighinn :
A spiorad bu sgiobailt 's bu doimhne,
'S ghabh iadsan a chomhairl gu leir ;

“S cha'n urr sibh an darach sin a sgoltadh,
Mur gabh sibh geinne dheth fein.”

'S maith a dhinnseadh Creig-bhrac side,
An draic a bh'aig Seorsi na coir,
Gu'n d'thigeadh cusbair do'n ionnsuidh,
Sheid an trumpan gu scolt ; [shlinean,
'Sann a fhuair e fear ac shuas eadar a dha
Bho nach robh e rianail n'as leoir,
'Sann chaidh sud a fhreagairt dha'n caoile,
Mar fhuair cloinn Israeil an fheoil.

Cha bu chaomh leam bhi ciuradh,
Idir an oladh na'm fion ;
Ach se farmad do bhraithrean,
Chuir na bidagan sas ann do mheadhon,
Deisciobla gionaich Bhalaam,
Cha burr' iad bhi'n aird ruits riamh ;
Fagaidh mise na daiseachan eile,
Oir 'sann a bha iad saor's an ciall.

Ach mar tharladh roimhe so do Ioseph,
Bha Rìgh na gloir air do chrann ;
'S beannachdan bithbhuan a chumhnant,
A dortadh dlu air do cheann ;
An obair a rinn an spiorad naomh ort,
Anns an athbhreith fhinealt a bh'ann ;
Mar bu teighe bha'm preas ud a losgadh,
Bha fuaranam Dhia sior fhosgladh 'nad chom.

Na'm biodh tusa reidh ris na ministeirean,
Bhiodh tu miosail nas leor ;
Ach oir nach fuilingeadh tu mhearachd,
Sann a shin sean Adhamh ri croic ;
“Cuiridh iad sibh mach as na sionagogabh,”
Thubhairt an Slanuighear fein,

“ Saolaidh iad ge bi mharbhas ’nur cliu sibh,
 Gur e th’annt diubh seirbhisich Dhe.”

’Se’n aon spiorad a rinn fear ceasnaich dhe
 Stephen,

Chuir Seorsi Mac Aoidh stigh do’n dreuchd ;
 Do bhrigh gu’n d’rinn e do lionadh,
 Dhe irioslachd creideamh is gradh ;
 Cha burr iad ni ort a theanta,
 Thainig riamh a mach air do bheul ;
 Chuir sin Session na h-eigin,
 Do sgriobhadh nam breug thar sal.

Tharladh ni dhuit bha sonruicht,
 ’S bha thu a tonair ’sa phuinc,
 Cha deach thu riamh an ceann a Bhiobail.
 An ait air bith ri do linn ;
 Nach robh feartan an Spiorad naomh,
 A leantuinn do theagasg ’s do sheinn ;
 Dhuisg sud gamhlas a mheallaidh ruit,
 ’S lean e thu riamh gus a chill.

Fhuair thu tomhas do dh’inntinn an Spiorad,
 Os cionn aon duin’ ann do la ;
 ’S bheireadh E run dhuit ’san urnuigh,
 Cheart cho chinnt sa fhuair Abraham ;
 Gheibheadh riaghlairean Shodom’s Ghomorroh
 Bho do theagasgs an ait ;
 Chad’thainig bagair na gealladh gun cholionadh
 A mach riamh air do bheul.

Fhuair iomadh feum dhe do theagasg,
 Tha maille ruit shuas ann an gloir ;
 ’S an tearc tha bhos air an talamh,
 Tha’n anam cuirt agus leoint ;
 An Ti a ghairm iad gu’n gleidh iad,

'San latha neulach is ceos' ;
 'S tiore iad bho na madaidhean reubaidh,
 Ruag an athair a null am Port-mor.

Buras athnachadh air tabachadh,
 Trath bha thu fagail na duch',
 Thaom thu do ghaol air do naimhdean,
 'S dh'fhag thu do bheannachd ri'n taobh ;
 Caochla' dhiubh thairg an da mheur dhuit,
 As an earbadh sinne n'a b'fhearr ;
 Lion sud do chups ann an Galthaobh,
 'Spion Eis a stigh thu do'n airc.

Aig adhlaigadh Dhomhuil Mhic Aoidh'n Claish
 Do chairid muileach an Criosd, [craggan,
 Dh'fheorich rius Iain Mac Dhomhuil,
 An deach fios gu Seorsidh a thighinn ?
 Dh'athnaich Iain mar bha chuis,
 Chuir e fein fear sgiobalte sios ;
 Bho'n bha cathair Dhaibhidh sud falamb,
 Cha robh rum 's an Inn do Chrìosd.

Ach bha cuid aig a chruinneach' a dh'innis,
 Gu'n deach iad dheth'n rian ;
 Aig a chil thog iad Seorsidh,
 Dh'iarruidh beannachd air Dia ;
 Dh'athnaich fugaidhean mhammon on lamh,
 Gu'n do dhropaig an tsrian,
 Thair iad as le mor chabhaig,
 Dhaitigean am faigheadh iad biadh.

Mo bheannachd is beannachd na bhuinneas
 Air a chuideachd urramach Ghaelt ; [dhuit,
 Dh'athnaich air do ghuth co chuir thu,
 'S dhlu lean ruit gu latha do bhais ;
 Thug reidgigeadh cist agus anart,

Nach robh aicheadh 'n deas na'n tuath,
 'S reir t'iartuis chaidh do ghiulan,
 Gu dust Phadraig Stiubhart san uaigh.
 Cha robh aig Iain Grannt anns an t'saoghal,
 Duine bu mhuilich na thu ;
 Chuala mi Padraig Stiubhart,
 Ag iarraidh do chursa na dhreuchd ;
 Na faighinn cost se dh'iarruin,
 Tra theid mo chuir criadhaich don uir,
 Gu 'm bi mo spiorad gu siorruidh,
 Troimh Chrìosd aig cosan an triur.

Be cnamhan Ioseph nan notaich,
 Thigeadh gu seolt bho do bheul ;
 Cha'n fhaot' am fagail 'san Eipht"
 Mo thruaighe leir be sin mor am beud ;
 Theid leabhair nan ceisteach' air dhichuimhne,
 Theid cadaisd uir chuir na h-ait,
 Bidh aslan Bhalaam a' screadal,
 An aghaidh gach ughdar is fearr.

Bu dealbhach an t-oighfhear airm thu,
 An ceann rang *Waterloo* an la ud,
 Bu luath thuit an toighfhear an lath ud,
 'S sheas thu gu duineal na ait ;
 B'ailc armait an Roineorp bha 'sa bhaiteal,
 Bha eadar Breatuin 'san Fhraing ;
 Bha thus ag urnuigh fo bhratach a ghaoilse,
 Thuig E ris thu gu do bhean is do chlann.

Bean is ceathrar chloinne bha'n taic ruit,
 'N trath bha thu'n seirbhis a chruin ;
 Ochdnar rug i a deigh sin,
 Cuid tha beo dhiubh 's cuid san uir ;
 Tha mi sithid leis a Bhanruinn,

A chuir deagh phension nan leath ;
 Gu'n gleidh E fein iad an ordugh,
 Mar bha iad aig Seorsaidh na bheath.

Ma tha do bhantrach aonaireach,
 Measa' finealt sa phears' ;
 An ti thug Ioseph do'n Eiphit,
 'S na thim thein thug e as ;
 Gu'n gleidh ise agus iadsan,
 Air barr na' naoimh fodh'n cas ;
 Gun aisig null iad thar Iordan,
 Maille ri Seosaidh am feasd.

Ann an raidh an fhoghair aon susdan,
 Ochd ceud 's dafhichead sa hochd ;
 Stad do chuibhls' aig an fhuaran,
 'S fhuair thu dhachaidh gu fois ;
 'S fhad bho dhinnis thu do'n t'sluagh ud ;
 Nach deigheadh'n guail'nean chaoidh fo do
 Tha thu saor bho anam is bodhaig, [dhasd ;
 Oir rinn is thubhairt iad cus.

Ciod e as urra' mi radh,
 Mu'n duthaich a dh'fhaisg thu 'mach ;
 Na mu 'na sgirean a bhac thu,
 Bho chuir nan ceisteachan romp',
 Gu mo thann air an taobhsa do thim,
 A chnamhar an cir air a mhirs,
 Air no bidh coireachadh bhronach,
 Mu stori Ioseph Mhic Aoidh.

Tha iomadh creididh mearachdach,
 'Na 'measgs' a lean thu gu bas ;
 Tha'n arminianism sallah,
 A' taomadh a mach orr' ma thra,
 Tha iad cho lan do shaobh creideamh,

'S a tha'n tubh de na bhiadh ;
 'S cha b'urr iad uil 'thus a mhialladh,
 Oir b'aon thu do fhior thaghadh Dhia.

Gabhaidh do chairdean mo leisgeul,
 Nach d'rinn mi leasachadh rainn ;
 Sann air dhomh bhi gun athadh,
 Burr mi'n gabhail os laimh ;
 Tha mo shuil ri Iain Toiseach,
 Oir is boidheach ni e na rainn ;
 Och ! as och ! be nar comain,
 A dhol le cheile 'na cheann.

MARBH-RANN

Do Phadruic Stuiart, Fear ceasnachaidh leis an
 neach cheudna.

'N trath dh'fhalbh thu Phadruic Stuibhart,
 Dheug mor phrionns' measg fìor chriosdaidh'n na
 h-Alba ;

Se dhiomradh' cosd fhaighin bho'n Trianaid,
 A chuireadh rian air do mharbhrann ;
 Ann an smear na fìor dhiaghachd,
 'Sa'n doimhne cial bha thu ainmeal,
 S fhuair thu'n fhior athbhreith a toganach,
 'San t'Shrathmhor an Dalghainachan.

Se rinn an deagh obair an tos ort,
 An Triur tha gloirmhoir 'nan aonachd ;
 Tarruing chaoimhneil an Athair,
 Is fuil a Mhic 'ga do shaoradh ;
 Sochairean feartaibh a bhais,

Chompartiach an Spiorad naomh ruit,
 Sheilbhich thus gach fìor ghrasan,
 Oir leagh E mhain ann an gaol thu.

'S tu 'n ceann na hurnuigh bhiodh diomhair,
 Lan do bhrìdh is do mhìlseachd ;
 Oir fhuair thu iuchar an ionmhais,
 Gu bhì fosgladh glasan na bangaid ;
 Bhiodh cubhrad t'fhàireachduins a' bruchdadh,
 Mur an driuchd tighinn amhain orr',
 'N uair bu bheothail, an ciocras,
 Sud dar chrìochnaicheadh Padruic.

'S tu bu bhinne nan smeorach,
 An ceann seinn oranan Shìon :
 Agus dìthaona aig a chomhail,
 Mar eibhlibh beo bhìdh do bhruìdhinn ;
 Oir bha E fein ga do sheoladh,
 Gu coir nan leontaich nan crìdhibh ;
 Bhìdh cuirm aig a phairt ud,
 Mus deanadh Padraic suidhe.

Fear do bhreìniche 's do sgoltadh,
 Cha'n fhac 's cha'n fhaic mi san fhìonan ;
 Chaidh do chial 's do mhoir thalanta,
 'S do phairtean tur a nar fianuis ;
 Mar an iolair trath dheireadh tu,
 Ann an treunachd na diadhachd,
 Bhìdh na naoidheanan oga,
 Tarruing deol as na cìochan.

Bu tu fear dhain a bha toimhseal,
 'Sann leat a chinneachadh an t-oran ;
 Bhìdh an fhìor ghliocas a taomadh,
 Troimh na chuinneadh tu comhnard ;
 Bha agadsa duinealas na h-araidheachd,

Mar ri hanmhuineachd comhla' ;
 S mor an tiundran on riaghachds',
 An t-uasal iriosal oirdheirc.

'Dh'fhuadaich fuachd agus toladh,
 A mach a Gallthaobh o chian thu ;
 Ach bho na measan bha leanmhain,
 'S dearbht' gur e suidheachadh Dhia bh'ann ;
 'Siomadh seul bha air tofaig.

Cha dhachaidh romhad do'n righeachd ;
 Bu tu fear ceasnaich dileas,
 Cha be a chis a chuir na gaoth thu.

Gha ruig sinn leas comharadh iarruidh,
 Air diumadh Dhia ri luchd cubaid ;
 Ach mar laimhsich na biasdan.

Aon fhianuis fhior nan seachd duchain ;
 Gn dearbh cha lugha e na miorbhuil,
 Ris gur gann am bheil duil againn, [mhuin,
 Gu'm faigh 'n fheighiu bhaoth tha gan leanm-
 Am feasd an anama mar spuilleadh.

Bu mhor am beud na dh'fhag thu,
 An aghaidh Phap hhi gun sgrìobhadh ;
 Agus t-oran mu na phairt ud,
 Bha leanmhuin Bhaal an la Elijah ;
 Tha nis air sgaoladh mar locuist,
 Air feadh 's air leud nan tri righeachds,
 Thug thus don huilbheach deagh ruspadh,
 Mo bheannachd air do dhust air son do shaorachd.

Ged tha fuigheal gle bhronach,
 Tha gu leor ann bhios gaireach ;
 'S theid na h'iomchearan iomlaid,
 Eadar Pilat, Herod 's Caiaphas,
 Aig an chuid ordaighean dithaona,

Nach maith a bhi saor as Elijah,
 Fear bha trioblaideach' Ahab's Jesebel,
 Thoirt dhachaidh an carbaid nam fichead mill.

Ann am bodhaig n'an inntinn,
 Ann am linnse cha b'eol domh ;
 Ann am pearsa na bu mhaisich,
 Ann an anam na b'oidheire ;
 Bha gach mir dhe do phearsa,
 S gach buaidh do t-anam co ordail,
 'S nach eil duil agam a ris do leithid fhaicinn,
 Gu latha na h-aiseirigh ghloirmhoir.

Gus so cha robh ni 'nam aonar,
 A 'saolsinn thusa bhi lathair ;
 'Sann thainig ormsa na bunsach,
 Naigheach thursach do bhaise,
 Na cheanghail ri talamh mo luchairt,
 Thug sud bacan na dha as, [m'fhagail,
 'Scoma dhomh fad no goirid a'd dheigheas tbeid
 'S ionain sud fad no goirid a'd dheighs' m'fhagail,
 Ach Eis bhi trocaireach da manam,
 S mo thoirt do 'n ionad am beil Padruic.

Gabhsa 'bhantrach sa dileachdain,
 Maille ris gach aon a bha'n daimhris ;
 'S dean an aird annsa bhann iad,
 An la tionnal nan ailleagan :
 Nan lon lathail 's nan eididh,
 A reir am feumas cuir ann doibh,
 'S maille ri Padruic Stuibhart,
 Ann an Criosd biodh a theaghlach.

'Sann am mios a mhairt,
 Ann an raidh an carraich ;
 Aon mhile, ochd ceud,

Is da fhichead do aireamh ;
 Chaidh do chursa a chrìochnach',
 Bho bhi trial anns an fhasaichs ;
 'S bidh deagh chuimhne 's iomradh gu sìorruidh,
 Air Padruic Stiubhart mo ghraidhse.

LAOIDH SCRIBTUIREAL

leis an neach cheudna.

Cuidich leams' O Aon ro ghrasmhor,
 M'oireap annhuinn tiomchail t' fhabhair,
 'N gaol do-labhairt a thug amhain thu,
 Chum taghadh nan gras a shabh 'ladh.

'S sud am fonn a sheinneas Gabriel,
 Dh' ionnsuidh a cho-fhreg'ras each dhiubh,
 "Gloir a bhi dha san ionad 's airde,
 Deadh thoil as sith do ghineal Adhamh."

Cha do theannt na h-ainglibh Studaidh,
 A dh' fhoglum eabhrach, greig, no laidinn,
 An aon chusbair ghabh greim dhe'n inntinn,
 Mar ghradhaich Eis an saoghal cailte.

'Se sud an doigh air na dhearbh e ghaol doibh,
 'N trath bhaid nan naimhdean an aghaidh naom-
 Chuir E aon ghin Mic g'an saoradh, [hachd,
 Phaidh e'n eiric is chosd e daor dha.

Ghradhaich E iad roimh steidh an t-saoghail,
 Ghradhaich E iad a chum na criche, [dinbh,
 Tha E'g eadarghuidhe shuas air son gach aon
 O "Athair naomhaich iad triomh t'fhirinn."

O cuir m'anamsa ris an aireamh,
 Aithn nuadh is drop dheth na grasan ;
 Biodh an Spiorad Naomh' ga chaireamh,
 'S blaisemse gu bheil thu grasmhor.

Se sud an gaol a fhuair Eubh' is Adhamh ;
 Phreig E fein dhoibh anns a gharadh,
 Ged bruth a nathair anns an t'sail E,
 Brisidh Eis a chean chum baise.

Oir b'e taghadh Dhia cuid d'on t'sail ud,
 Ghlac e 'choram ann an Abeil,
 Lion an Diabhul cridhe Chain,
 Cho mor 's gu'n dhoirt e fuil a brathair.

Sheilbhich Enoch tomhas araidh,
 'Na latha neulach do na ghras ud,
 Thog sgiathan creideamh agus graidh dhuit,
 Oscion dorsan pian a bhais e.

Se do ghaol a bharnuig Noah,
 Chum an Airce chuir an ordugh,
 Ghairm na creutairean na chomhail,
 Thearnadh fuigheal ann an trocair.

Ghairm thu Abraham do chairid,
 Thairg e mac a ghaoil mar airic,
 Dh' iarr e samhla' air an toilteanas,
 Chunnaic e do latha 's rinn e aoibhneas.

'S tu fein an aingil a choinnich Jacob,
 Chuir thu is dh' fhuasgail thu a shnaimean,
 Dhearbh thu chreideamh 'san amhuinn,
 Dh' athnaich e t'ainm roimh bhriseadh na faire.

Roghnuich thu is thog thu Ioseph,
 Bu leanabh cumhnant bho oig e,

Ge do rinn thu duine mor dheth,
Shaor thu e bho'n inntinn fheolmhoir.

Do bhrigh gu'n robh iad ann an daorsain,
Chuir thu Aaron agus Maois thuchd,
Shaor thu iad gu'n or gun airgiod,
Bhath thu' naimhdean anns an fhairge.

Bheathaich is dh'eidich thu iad le miorbhuil,
'San fhasach re da fhichead bliadhna,
Bho'n neul 's bho'n tein fhuair iad seoladh,
Bho'n t-solus is bho'n fhoirfeachd ghloirmhoir.

'S tu fein a thog na faidhean dileas,
Samuel, Elisha is Elijah,
Isaiah is Jeremiah,
'S Eseciel cho treun ri aon diubh.

O c'ait an d'fhag mi' Daibhidh diadhaidh,
Duine do reir cridhe Dhia e ;
Do bhrigh 's gur ann dheth meas a loinean,
Thainig a Mesiah gloirmhoir.

Tha cuimhn' is iomradh mhath air fhagail,
Air Daniel, Malachi. is air each dhiubh.
Gheibh sinn uil air an aon sgeul iad.
Guilan fianuis tiomchail 'n t-Slanuighear.

Do bhrigh gu'n robh an t-am tighinn dlu orr ;
Chuir E Eoin Baist gu'n dusgadh,
Chaill e cheann air son bhi dileas,
Fhuair e crun is beath nach diobair,

Thainig a nis solus an t-saoghail,
Dheirich orrsan Grian na h-ianr 'cas,
Fear teagaisg mar nach teagaisg daone,
A bheath, an t-sligh', agus an fhirinn.

O ! struagh nach robh mi anns an tìr ud,
 Ag eisdeach leasanan 'n Fhearshaoraidh,
 Chaidh'n Spiorad Naomh gun tomhas a thaomadh
 Chum fhasgladh air na dh'fhairich daorsainn.

Cha'n e argumaid no foghlum,
 Pairtean mor, liteir no reusan,
 Na h-iunnsramaidean dha'n robh speis aig,
 Roghnaich e aimideas preisgidh.

Ghlac e'n iuchair agus dh' fhosgail,
 Dorus tabhachdach an t' soisgeil,
 Teanga nam balbh leig se fuasgailte,
 Chlisg na deamhnan roimh a thuairsgeil.

Dh' fhuiling E am bas bu phianail'.
 Sgoilt na creagan ghuil a ghrian ud ;
 Bha cumhachdan nan neamh a riadhan,
 Reub am brat tra dh' fhuiling Iosa.

Thubhairt e'n sin " tha e crìochnaicht,"
 Runachadh na comhairl dhiomhair ;
 Am plan 'sna reitich an Trianaid,
 Air son taghadh nan gras bho shiorruidheachd.

Cha lgha n'an Spiorad Naomh a dhearhhas,
 Air a h-aon do phrìosanaich na h'earbsa,
 Gu bheil buint ac' ris an t-sean'chas,
 No fineachas ri do luchd leanmhuinn.

Gabh truas ruinne tha nar luchd leanmhuinn,
 Togail air steidh air bhonn gainmhich,
 Seididh gaoth is tuil is storm oirn,
 Chrìochnuicheas nar bruadair nar damadh.

Ach ardaichsa cliu do shaor ghrasan,
 Pill a chreach bho'n duine laidir,

Spion a mach sinn a staid nadair,
Gin sinn a ris, chum cliu saor ghrasan.

M A R B H - R A N N

Do Sheorish Mhic Aoidh leis an neach cheudra.

San raidh mo dheireadh do na bhliadhna,
Och ceud deug da fhichead is a tri ;
Thug thu dhachaidh gu shonas siorruidh,
Fior fhianuis Chrìosd a nar tir.
Bhual an strac ud gu haolluidh,
Air Catadh 's Gallthaobh, 's do mhnuì ;
Co biach dam beoll thu nach bronach,
Gu'n dh'fhalbh thu Sheorish Ic' Aoidh.

Shaol leam sguir do na dan,
'S am bas cho faisg air mo thoir ;
Ach faicinn mullard do bhraithrean,
Cha'n fhaoduin bhi mo thamh 's cha bu chor,
Choisinn dithis ach do ghraisins,
Mo dhaimh is mo thlac dhuit bho thos,
'S thus nach ruisgidh mo laigsan do chach,
Oir bu bhlath do chomhairl's dhomh's.

Tha do mhission ro bhromach,
Air gach taobh dhe'n Ord aig an amis',
Eadar Dungushsbay is Dornach,
Cho lianuis do chot chi mi ann ;
Thug E na h-aireachan do ghloir leis,
Chuir thus an tos na cheann ;
Dh'ihag sud fastalach beo thu,
Le gras is treor nach bu ghann.

'S truagh nach ann a thuiteadh do mhanntal,
 Air cuiteagan dhe na chlann tha nar measg ;
 Bhiodh mar bha thu do phillar san teampull,
 Gu cacan is call an fhir sgrios ;
 Ach leon dhe dho leithd's ri taobh cubaid,
 'S gann gum bheil duil agam ris ;
 Na 's luadh na thigeadh caingish as uir oirnn,
 Thoirt na mairbh as an ur dhuinn da chlisg.

Rinn E treun thu san fhirinn,
 'S be'm biobull tairidh do sgeol,
 Leis a chlaidh da fhaobh'r ud,
 Ruigeadh tu smear is am beo ;
 'S gad a ghabhadh na heucaireach sgaoineadh,
 Ochoin siad nach fhaotadh dhol as ;
 Gus am faigheadh iad bho Sheoris,
 Am porsan fein air a bhlas.

Ach dh'fhalbh am blas as a ghrian bhuainn,
 'S comain tioral nan naoimh ;
 Dfhag sud aonaireach cianail,
 Ann ro thearc tha'g Criosd anns' an fhonn
 Ach mealladh 's pluchadh 's aindiadhachd
 Eadar riaghladh Eaglais is Staid
 'S tearc aig am bheil fios fo na rialta,
 Co a chiod sgourch is fagus air laimh.

Ach rinn E duine agus criosduidh,
 Dhiats dar sheilbhich thu gras ;
 Bu tu a saighdar 's a fianuis,
 Cuir cath a chreideamh do gnath ;
 Faodeam t'airmeachd is t' fhuirneart,
 As ur bho chaithir nan gras ;
 Mar b'fhaid ac thu san bu dlui iad ruit,
 Dhinnis an suilean fliuchs' aig do bhas.

Ach tha feich aig do luchd dach oirm,
 Chaoidh nach urrain me phaigh ;
 An doigh air na d'fheuch iad an durachd,
 Gu do dhusd a ghiulan thun a bhraidh
 Ach eisan thug uaidhsan air faidh,
 Ghabh E nar toil airson gnìomh ;
 'S nuar chi sibh a rithisd e,
 San mìle nas maiseach na ghrian.

Biodh do shuil air a bhantrach,
 Is air a chlann ud a dfhag ;
 Bi toir cial agus treoir dhoibh,
 Gu bhi leanmhuinn Sheoris an fhaidh ;
 Na tha chum beath agus diadhachd,
 Fodha riaghladh a phillar 'sa neul ;
 'S na robh a th'aon aca air dhiarmuid,
 An am toirt dhachaidh na h-airc.

An am do thasgadh anns a bhaghan,
 'S mor an sluagh bha sud baite fo bhron,
 Ualsibh is illsibh nan aiteans',
 Os da chinns a fasgadh nan dorn ;
 Oig is aois sid a ranuich,
 Bhi fagail Sheorish fodh'n fhoid ;
 'San tearc sheilbhich fìor ghrasan,
 Sann doibhs' bu duilleach an leoin.



O R A N,

Farmad air daoine fhuar suas dachaidh sa

'S truagh nach' eil mise an drasd,
 A dol gu Pharas maireanach ;
 Sa bhi fagail saoghal baoth,
 Is cridhe lan do fhaileasan ;
 Agus inntinn tha na bas,
 Gun ghaol, gun bhlas, gun chaireanas,
 Is i cho fuair ri cairbh san uaigh,
 Gun smid do smuaintean flaitheal innt.
 S chithinn Enoch shuas,
 Gun uire snuagh a mhulaid air,
 A bha aig san t'saoghal fhuair,
 Mus an robh urrad's luaidh air tuileadh ;
 Agus Noah chaidh a ghluasd,
 Is cliu an Uain ga aithris aig,
 Airson gach fabhair mar a fhuair,
 'S bho'n tuil gu'n bhuain se anam dha.
 Gu bheil Abraham ann,
 Na sheanair ard na caithreach sin ;
 'Se a' seinn gu h-uireal ailt,
 Airson nach d'fhag se esan aimrid ;
 'S gu'n d'amhraic se air le gras,
 Am measg a phairtidh aineolach ;
 'S gu'n d'thug se e na thrath,
 Gus a chuis mar bha i bhreithneachadh.
 'S gu bheil Isaac ann,
 'Se faisg air ceann nan aithrichean ;
 'S cha'n 'eil a shuilean dall,

Na fanntaigean na fhaireachadh ;
 Òir chuir se dheth am feagal baoth,
 'S dh'fhag se e do chach a dhealaich ris ;
 'S bha na seanairean bha shuas,
 Air an gluasad le aithear ris.

Nuair thainig Jacob stigh na chuir,
 Rinn sealladh 'shuil e ainiseach ;
 'S triomh an aoibhneas bha na choir,
 Bha snuagh do bhroin a' faileasach ;
 Ach 'nuair bhlais e'n t'aran bha aig each,
 Bha neart a fas na anamsan,
 'S bha lag a shleisde air fas slan,
 'S cha'n fhaicear gu brach an car a bh'

Shiubhal Ioseph glan a churs,
 'S cha lubadh e do'n chailleach ud ;
 Am fear a dhaicheadhes an fheol,
 Is boidheach an seanair e.

O R A N

A rinneadh air lorg beachd Smuanachaidh air a
 ghaol bhreagha do pheacairean

*Sud an gael a bha breagha
 A bha namhams a pàrtenis
 'S thainig a m'hain dheanamh dèim d'ibh
 Nuair rinn iad an gnìomh san robh m'bar
 Sa Meisich ri riaghladh,
 Le gealladh sìorruidh thoirt d'ibh*



Bha mar bhil ac air fiachan,
Sior iarruidh bhi paidht.

Labhair an gaol ud ri Eubha,
Dhaindeoin gach eucoir a bh'ann ;
Agus gheall Se e fein di,
Na shiol a dheireadh na am ;
'S dheanadh bruthadh na h-eiric,
Air Satan fein anns a cheann,
'S gu'n tarladh sa cheum ud,
Fdeoil a reubadh air crann.

Bha'n cinne-daone gu leir,
Air leasraibh Eubha 'san am,
'S iad rointe na leirsinns,
Mar dha threud ann an gleann ;
A bhiodh an naimhdeas r'a cheile,
Mar Israeil 's na h-Eipheticr ann,
'S cha do sguir iad do eucoir,
Gus an d-fhuiling iad fein gu'n call.

B' iad Cain a's Abel,
Bha'n toiseach rol aireamh a chaimp ;
'S chaidh an gairm ann an airde,
Dhionnsuidh na fasaich so th 'ann,
'S bha aon diubh le Satan,
Nach fhuingeadh na b-fhearr a bhi ann,
'S e mar chlaidheamh 'na lamhan,
A sgrios a bhrathair 'san am.

An sin theisich an camp ud,
Air mearchaig 'a nall as an deigh ;
'Se gaol agus naimhdeas,
Rinn diubhras raine dhiubh gu leir ;
'S a chuir an ordugh 's gach am iad,

Gu dhol a chambaid r'a cheile ;
 Le claidheamh a's lann ann,
 A ghearradh cheann agus bheun.
 Sud an gaol a tha buaghach,
 Anns gach cruadal a th'ann ;
 'S ruigeas na truaghan,
 Tha'n cruaidhchas 'sa ghleann ;
 Gad robh peacadh 'gan ruagadh,
 Ni e'n teasairg' le buaidh bho na chrann ;
 'S la nach urrainn e fuaireach,
 Cuiridh e blas air am buadhan 'san am.

Sud an gaol a tha ailte,
 Suibhal fhasach a's bheann,
 Is e tional 's gach aite,
 Na caoraich a thair as air chall,
 'S ga'n toirt dhachaidh gu slainte,
 Le cuibhrig' gach failling a bhann,
 S nach cuimhnich gu brach dhoibh,
 Na nithe narach a bh' ann.

M A R B H - R A N N

Do Ann Grannd a bha 'sa Bhard-bheallaidh le
 Uilleam Grannt, sgir-Dhaothall.

Is truagh nach 'eil mise is Anna
 Anns a ghleann ann an uaigneas,
 Gun churam roimh Laban,
 Dheanadh ar n-aman a bhuain dhinn,
 Mar mhil bho na crannaibh,

An fhalanchd bluadhach,
 Bhiodh a briathra dha m' anam,
 An am dhi labhairt am chluasaibh.

Bhiodh a breanaiche glana,
 Mar bhainne san uair dhomb,
 'S gheibhte millseid bho h-anam,
 Gun aon mhealladh 'ga luaidh ann ;
 'S cha'n 'eil 'sa chursa do mhonai,
 A rinn a ghiulan na's banail,
 Gach ciuradh a's sgainneal a fhuair i.

Fianuis chubhra a b'fhallain,
 Air taobh cuisean a cheannard,
 Nach muthadh mar chailleach,
 Roimh na h-umaidhean alluidh,
 Tha gun iul a's gun athne,
 Le surd agus cabhaig,
 'Fional smurach 'sa dalladh,
 'Sa reic flurach na fola gun speis dhi.

Columan firinneach Anna,
 Theich bho'n dile le cabhaig,
 Dhionnsuidh Iosa le h-anam,
 Chum le hiosap a glanadh,
 Ann an dilseachd na fola,
 Bho gach giamh a bha sallach,
 Chaidh ghnìomhnach air talamh,
 'S dhol na fhianuis mar rionnag am boichead
 Beul meachair bu mhilse,
 Le cubhrachd eallamh na seinn ann ;
 A's cridhe bruite 'ga leidig',
 Dol air thus mar a ghoide,
 Dhionnsuidh an ughdar a rinn e,

A's faighinn uireachd na feuma,
 'Sa mealtuin saorsa tre chraidh.
 Is fearr latha dheth'n aoibhneas,
 Leis an oighreachd tha glormhor,
 Na miltean dhuchan do'n talamh,
 Bhiodh a bruchdadh gun ghainne,
 Le mil a's ubhlan a's bainne ;
 Is grinne cubhrachd do'n anail,
 Chum a lubadh 'sa mealladh,
 Bho Ughdar na fola,
 Tha cliuteach u's barruicht 'sna rinn e.
 Firean dunail a cheannsuich,
 Uile chumbachd nan deamhnan ;
 A bhris sa bhru as a cheann iad,
 'Sa thug a bruid as an fhang ac,
 Troimh na trupan 'sna caimp ud,
 Dhionnsuidh cuirte nan ainglean,
 A lubadh le gradh dha,
 Ann an umhlachd gun bhanntuic
 'Se gaol siorruidh an Athair,
 Thuir an rian as a chathair,
 Mu'na ghnìomhaich e latha,
 Na grian anns an athair ;
 Gum biodh iomhaigh ga caithidh,
 Ann an diomhaireachd fathaisd,
 Air an t-sìol sin d'am math e'n goirich.
 Thainig slainnte neochummant,
 Troimh nadair an duine ;
 A bhasach sa dh'fulaing,
 Gar an tair sinne chumadh,
 Meud a sharachadh uile,
 Mus an dranaig E dhuinne air tro

MARBHRANN

Do Miss Grand, a bha san Aittinliath.

Is mithich dhomsa bhi dusgadh,
 'Sam feasgair air dunadh ruinn ann ;
 Dh'fhag mo mhathair an duthaich,
 'S chaneil tuilleadh duil ri thighinn ann ;
 'S tha mise gun ughdaras,
 A measg nan cuirtean a th'ann ;
 Ach se bhi peacach 'gun churam,
 Tha milleadh gach cuis anns an am.
 Tha fuachd ann air eiridh,
 Agus luath air na h'eillean a th'ann ;
 Agus dorchadas na h-Eiphit
 Air comhdachadh nan reultian a th'ann
 'S mur seall truas air ar n'eigin,
 Tha sinne an cunnairt nach eisdear ruinn ann,
 Bho thug E uainne an reult ud,
 Dhinnseadh dhuine nar ceumanan cam,
 Fianuis urramach ailte,
 Ann an crnith a's ann am pairtean a bh'ann ;
 Gun oilbheum gun fhaillinn,
 Gus na ghairmeadh leis a bhas i,
 Dhionsuidh cuirt an Ard Righ tha shuas.
 Bha'n oigh' ud do uaillesean,
 'Si co buadhach an gras ;
 'Nuair thigeadh na faigairean uallach,
 Le'n ardan 's le'n uaille,
 An airde re guallainn,
 Dheanadh i'n smaladh 'nan tuainneal,
 Le fuath ann d'an cail.

Ach a Ghreas nam bu bheo thu,
 'Sinn bhi labhairt gu combnard mu'n am ;
 'Se theireadh tu gu combnard,
 Thoir ort mullach a's combnard nam beann :
 Dh'fheuch an tearruinnear beo thu,
 A mach as an ochdumaid a th' ann.

Tha peacaidhean ar n'oise,
 Nan aobhair mullaid a's bron anns gach am :
 'S tha peacaidhern ar naois,
 Air milleadh an tsaoghail a th' ann :
 'S cha'n 'eil umhail do naomhachd,
 'S tha ceartas' measg dhaone co fann,
 'S tha dearbh shealladh an aogais,
 A dearbhadh nach'eil caochladh orr ann.

Tha'n tuathanach co talmaidh ;
 'Se falbh ann a shannt ;
 'S cha'n urr' e fuireach ri uirnuigh,
 Leis an utraish a th' ann.

Tha'n ceannuich co cealgach,
 Ann a bharganan ann,
 'S gu'n toir e'n car as a choluman,
 M'an airgoid a th' ann.

Tha'n tailleir cho feineal,
 Na eididh 's na cheann,
 'Se fuaigheal ri cheile,
 Sin a reubar na dheann.

Tha'n greusaich cho suarach,
 Mar dh-fhuaigheas e ann,
 'S ged robh na brogan a' sguaoladh,
 Oha chaonar ann plannc.

'S ann tha'n truaighe 'sa nan-eibhir
 Air na h-eildeirean ann ;
 A bhios ri mionnan 's ri breugan.
 Nuair a dheireas orr ann ;
 Tha'n urnuigh gun eifeachd,
 Dhoibh fein a's d'an clann.

Tha moran do thruaighe,
 San t-sluagh a tha ann ;
 'S ma bhios am muilleir na thruaghan,
 'Sen tuath a gheibh an call.

Tha na ministeiran fuaimuach,
 Nan aobhar cunnart 's na huairean th' ann
 'S iad sior suathadh na fhuarag,
 'S cha toil leis na huailsean i ann.

Tha na sgoilearan fuaimneach,
 'San t' sluagh a tha ann ;
 Agus shaoilte gu'n d'fhuairead,
 Sin as uaille tha ann.

Tha na h-aincolaich ghorach,
 A tionnal 'nan drobhan nach gann ;
 'S ma gheibh iad an tordugh,
 Tha n'as leoir aca ann.



O R A N

ir an aobhair eagal tha'g mniuntir an t'saogha¹
anns an t'saoghal.

Na Ho ! air muinnti'r an t-saoghail,
Air nach d-thainig an caochladh ann ;
Sa tha lan deth na chaothach,
Le aotromas 's danns ;
Ma thig orr an fhearg th'air an aon ud,
A rinn an saoghal 's na th'ann,
Luitidh iadsan 'nan taoman,
'S fear na file nan ceann.

Tha na dhith a's na dhol iad,
'S gach trusgan sporsail a bh'ann,
Agus am bonaid bha proiseal,
Agus brogan nach gann ;
Air an sgrìobhadh an ordugh,
Chionn la chordaidh bhios teann,
'S cha bheag le aon duibh a choir dhu
Ged is e'n gearan an comhnuidh bhi g

Nuair pheacaich Adhamh an Eden,
Thainig mallachd gu leir an fhonn ;
'S le bas agus eigin,
Ghlac e gach creutair a's lomm ;
'S na pheacaich bho'n uair sin,
Rinn e' cheapaig 'le luaths agus mall,
'S cha 'n eil a haon ann thig uaithe,
Ach a mheud 's d'an suaithneas an cra

Tha tim ann tha neonach,
'Se mar mhinisteir mor anns an am,

'Se mineach' gu comhnard,
 Do na chuid a's goraiche th' ann ;
 Gu'n dean bas ann an comhlach',
 Nach fag anail na deo annt na cainnt,
 'S cha'n fhuirich uin' ann an comhnuidh,
 Ged nach biodh ola *aca* beo ann nan lamp.

Tha sannt agus mi-ruin,
 Air teachd gu ire nach gann ;
 Agus ardan mar chirean,
 A fas gu dìreach air ceann ;
 Agus aingidheachd a lionadh,
 'S i'n comhair thighinn dìreach gu ceann,
 'S ge bith d'am b'aithne na timean,
 Tha comhraidhean do rìreadh sann ann.

Tha cuid ann do thruagain,
 Theid thoir dhachaidh bho'n fhuagairt bhios
 'S cuid eil air an gluasad, [ann ;
 A sheasas ri cruaidhchasan ann ;
 'S cuid eile ri eiridh,
 Gus na h-eiginnean ann,
 Nach gabh aithreachas d'an eucoir,
 Mar Pharoah's chuid Eiphiteach ann.

Tha na h-aineolaich ghorach,
 A' tionnal' nan drobhan nach gann,
 Dhionnsuidh eaglaisean ordail,
 A dheisdeachd an tseors' ata ann ;
 Ach cha'n eil deamhain am feol ann,
 N'as mo na ministear gun bheo bhi ann ;
 A threig ann ann an t-ordugh,
 'S tha mealladh le rogaireachd cainnt.

ORAN AIR NA MHNAITHAN.

Ach Eallag mo ghraidhse,
 Na bi le canran gam bhuaradh ;
 'S bi geanach's bi gaireach,
 'S ged tha sarach san uair,
 Gheibh sinne nar nailleas,
 Nuair is aill le a thruas.

'S ged tha'm barr gun toradh,
 'S dol a dholaidh san uair,
 Tha'n lanachd cho beartach,
 'Sa bha i'n toiseach do thruas ;
 'S ge be a dh' fheitheas gu stolda,
 Thig na's leor dha a nuas.

Ach's granda bhi 'gearan,
 'S nach 'eil am beanachd ach stuaim,
 'S nach do leon E ar neucoir,
 Ach mar roinneag a gruaig ;
 Nuair a dh' fhaota mar glasadh,
 Fo cheartas gun truas.

'S na leig bochdan na feumnach,
 Gun deirce sann uat ;
 Oir is cinnteach gu'n eisd E,
 Ri'n eiginnean cruaidh ;
 'S na bios air do chunntadh,
 Ann an diultadh thoirt uat.

Bha E-fein ann air ocras,
 'S bha E fein ann air fuachd ;
 'S tha cuid aige fein,
 An ann eiginn 's gach uair ;
 'S cha'n fhaigh iad am feumas,

Am measg nan reubaltan fuair ;
 'S ged robh am fear miodhoir ag eigheachd
 Biosa faolaidh is suaire.

Is paidhidh E fein thu,
 Nuair a dheireas tu suas ;
 'S bheir E dhachaidh dha fein thu,
 'S bidh tu feumail dha shuas,
 Gu innse mar dheirich,
 Da threunachd 's dha bhuidh.

Ach a mhnathan mi dheirceal,
 Nach eisd sibh le truas,
 Ris a bhean ud tha'g eigheachd,
 Air son deirce 'sann uaibh,
 'S mu dhitheas sibh fein i,
 Sibh is breunail' 'san t sluagh.

Ach a bhean ud tha feumail,
 'Nuair a dh'eireas i suas ;
 Theid i'n coinnidh nam feumnach,
 'S cha bhi' ceuman le fuaim ;
 'S ged robh Nabal 'na reubalt,
 Bidh i dhachaidh mun eirich e suas.

O R A N

Air troimhcheil na tim.

Ochoin ! mar tha mi'n duigh san de,
 Air taobh mar bha mi roimhe so ;
 'S mi dh'easbhuidh Padruig agus Seosan,
 'S pragan boidheach aithrichean.

Tha na ministeirean a radh,
 Gur iad fein s fhearr na'n aithrichean ;
 'S nach bi iad umhailte do'n staid,
 Ge ard e na bhareillean.

Ach tha na meallaidhean an drasda,
 Air teachd gu aird neo-aithnichte ;
 'S na h'uile aon tha aca an sas,
 Se th'ac air cach na hamaideanaibh.

Ach tha'n diadhachd bhruit air a cuir air chul,
 Le aideachadh uir ar laithne ;
 Agus mar sighnig sinn an cuirse,
 'S beag as fiu am barail dhiinn.

Ach tha foghlum tighinn gu airda,
 'S am paipeir tha mar bharant aca ;
 Ach spiorad iriosal nan gras,
 Cha'n fhairear leinn dhe aithneachdain.

Ach nan creideadh iad gu slan,
 An t'ardan tha nam bairealan ;
 Cha diteadh iad gu tur am bard,
 Ged dh'fhagadh e an cabhaig iad.

Ach a neach a shoillsich griann s'na neoil,
 'Sa dhorduich i gu laitheal ann ;
 Gu'n dean ar saoradh bho na che
 Mus an d'thoir i beo ar n'anam d

Ach se'm peacedh thug am bas,
 'S thug daoine na'n traillean bail
 'S mur bith Immanuel dhol nan
 Cha bhiodh aca gras na flaithean

Ach nuair theid gaol stigh sa chric
 'Sa bhuaidhaicheas e gu h'aithnic

Ni e leaghadh air man cuairt,
A dhainnean 'n fhuachd bhios maille ris.

Ochoin ! gu'm be an taobhair gruaim,
Am fuachd bhi' ann ann 's gun aithne air ;
Agus an urnuigh bhi gun bhuaidh,
A sior ga luaidh s ga h'aithris ann.

Ach tha'n lagh agus an aithne,
Cho slan sa bha' id an toiseach ann ;
Ach ni'n cridhe grannda sin as aill,
Leis fein a gnath a dh'ainneoin air.

Ach leigibhse dhomh an drasd,
Ge bith mar tha nar barail dhìom ;
Agus ma gheibh mise gras,
Cha bhi mi'm th'raill aig Barabas.

Ach tha mise ann's an fheoil,
Is gorach tha i maille rium ;
Agus na'n innsinn dhuibh na's leoir,
Is og a thug i m'anam dhìom.

An uair a dhairdicheas E gras,
Cha bhi mise mhain gun aithne orm ;
Gheibh mise troimh a bhas'an,
Beatha SHABHAILT mhaireannach.



O R A N

Le Jam Demhnullach a bha'n Iubhirucis.

'S bochd a bha, 's bochd a tha.
Thaing an bas oirn le cabhaig.

Gheibh mi solas, 's gheibh mi eud,
Gheibh mi geurad is carraid ;
Cha'n fhaic mi iad air nachdar tuinn.
Leis na buinn bho'n a charraig.

'S bochd a bha, &c.

Tha 'm fear cuir 'na fhaochag mhaoth.
Bidh e daonndan 'san fheamainn ;
Cha'n fhaic mi e air uachdair tuinn.
Leis na buinn bho na charraig.

'S bochd a bha, &c.

Chaidh Ioseph thoirt uainn,
Threig an sluagh e le cabhaig ;
Anail chubh'r nan lipean or,
Thogadh na deoraich bho'n talamh.

'S bochd a bha, &c.

Thig na daoine bho thuath,
Thig na gaullichean tapaidh ;
Dannsuidh iad ri porst na phiob ;
Ged bhiodh 'Siba' 'sa chrannaig.

'S bochd a bha, &c.

Thig na deasaich mar an ceunn,
Oir tha feaist anns' a bhaile ;

Tha na ceannuicheadan gle lan,
Ge be nadair a bhathair.

'S bochd a bha, &c.

Thigibh nis 's olaidh cup,
'S bithidh dluth ruinn gach latha ;
'S gheibh sibh gealladh aig a bhord,
'S bithidh beo mar 's math leibh.

'S boch a bha, &c.

'S iad na h-eamhnuidan or,
Fhuair na beo as na flathibh ;
Sud an t'aran th'air a bhord,
Aig na *Boys* a th' againn.

'S bochd a bha, &c.

Chunnaic mise n ' diugh san de,
Dh'fhalbh aoibhneas bho'n talamh ;
Dh'fhalbh beatha, dh'fhalbh blas,
Dh'fhalbh slainnt' na flathibh.

'S bochd a bha, &c.

Chaidh na coinnlean thoirt uainn,
Chaidh'n thoirt suas gu na flathibh ,
Thainig oirne ceo a bhais,
'S ghlac a phlaigh sinn le cabhaig.

'S boch a bha, &c.

Mearachdan a' Chloth-bhuainidh, &c.



| T AOBB. | S REATH. | | | |
|------------|-------------|-------------|-------|------------------------|
| 5—22 | Air son | theid's, | leugh | <i>theid iad's.</i> |
| 11—31 | — | ro, | — | <i>an.</i> |
| 26—12 | — | fhioriachd, | — | <i>fhior dhia'chd.</i> |
| 28—22 | — | thu'd, | — | <i>theid.</i> |
| 32— 3 | — | thu, | — | <i>thu'n.</i> |
| „—24 | — | qhiodh, | — | <i>bhiodh.</i> |
| 34—26 | — | nam, | — | <i>nan.</i> |
| 35—11 | — | breug thar, | — | <i>breug ort thar.</i> |
| 37—22 | — | an lath ud | — | <i>a baisg dhuit.</i> |
| 47—17 | — | dithis ach, | — | <i>dilseachd.</i> |
| „—21 | — | mach, | — | <i>nach.</i> |
| 48— 5 | — | leon, | — | <i>leomhan.</i> |
| 52—10 | — | fdeoil, | — | <i>fhcoil.</i> |
| 54— 1 | — | nchd, | — | <i>nachd.</i> |
| „— 8 | — | mhonai, | — | <i>mhuaibh.</i> |
| 57— 2 | — | sgua, | — | <i>sqa.</i> |
| — | — | leon, | — | <i>lean.</i> |
| 63— 3 | — | staid, | — | <i>stait.</i> |
| 65—21 | — | gaul. | — | <i>gait.</i> |



